



## Rianachd Chunnartan is Poileasaidhean

# Modhan-obrach Ionmhasail

Tha am poileasaidh seo na phàirt den cho-chruinneachadh de phoileasaidhean aig Fèisean nan Gàidheal

<b>An Ceann-latha air an d' fhuair e aonta</b>	08.05.18
<b>Adhbhar</b>	Tha am poileasaidh seo a' cur an cèill siostaman ionmhasail Fèisean nan Gàidheal agus mar a bhuineas iad ris gach pàirt de dh'obair na buidhne.
<b>Geàrr-iomradh</b>	Tha am poileasaidh a' mìneachadh cò air a tha an t-uallach airson ghluasadan airgid is cùisean ionmhasail agus chithear fios air ìrean ceadaichte airson ghluasadan airgid, agus fios air dleasan an Ionmhasair agus Buill a' Bhùird a thaobh riaghladh ionmhas Fèisean nan Gàidheal.



## Fèisean nan Gàidheal Modhan-obrach Ionmhasail

### 1 Mìneachadh

Tha an sgrìobhainn seo a' cur an cèill siostaman ionmhasail Fèisean nan Gàidheal agus mar a bhuineas iad ris gach pàirt de dh'obair na buidhne, a' gabhail a-steach an fho-chompanaidh tha fo làn-shealbh na buidhne, Fèis Bhlàs Earranta.

### 2 Dleastanasan

'S ann air a' Cheannard (a thaobh an luchd-obrach), agus air an Ionmhasair (aig ìre a' Bhùird), a tha an t-uallach deireannach airson na tha Fèisean nan Gàidheal a' cosg, agus 's iadsan a tha cunntachail air a shon.

### 3 Crìochan Ùghdarras

Tha ùghdarras aig a' Cheannard, am Manaidsear Gnìomha agus am Manaidsear Leasachaidh cosgaisean is tabhartasan a cheadachadh taobh a-staigh nan crìochan a leanas a chaidh aontachadh:

Seòrsa cosgais	Ga ceadachadh	An t-sùm a tha ceadachadh
Tabhartasan do dh'Fhèisean	Ceannard is Manaidsear Gnìomha	Suas ri £20,000 airson aon Fhèis
Tabhartasan do dh'Fhèisean	Aonta a Bhùird a dhìth	£20,001 no barrachd airson aon Fhèis
Tabhartasan Leasachaidh	Manaidsear Leasachaidh	Suas ri £5,000 airson aon Fhèis
Tabhartasan Leasachaidh	Aonta a Bhùird a dhìth	£5,001 no barrachd airson aon Fhèis
Cìsean Riaghlaidh do dh'Fhèisean	Ceannard	Suas ri £20,000 airson aon Fhèis
Tuarastalan no Suimeannan do Chunnradair	Manaidsear Gnìomha	Suas ri £5,000 sa mhìos airson aon neach-obrach no cunnradair
Cosgaisean Luchd-obrach	Manaidsear Gnìomha	Suas ri £1,000 sa mhìos airson aon neach-obrach
Pàigheadh do dh'Oidean	Manaidsear Gnìomha	Suas ri £1,500 airson aon sùm pàighidh do dh'oide
Pàigheadh do dh'Oidean	Ceannard	£1,501 - £5,000 airson aon sùm pàighidh do dh'oide
Cosgaisean Calpa	Ceannard	Suas ri £5,000 airson aon ghluasad airgid ma bha e sa bhuidseat mu thràth
Cosgaisean Coitcheann	Manaidsear Gnìomha	Suas ri £1,000 airson aon sùm a thèid a phàigheadh
Cosgaisean Coitcheann	Ceannard	£1,001 - £5,000 airson aon sùm a thèid a phàigheadh
Cùmhnantan Coitcheann	Ceannard	Suas ri £10,000 airson aon cùmhnant
Cùmhnantan Seirbheis	Aonta a' Bhùird a dhìth às dèidh dhuinn tairgsean farpaiseach iarraidh	£10,001 no barrachd airson aon cùmhnant
Cùmhnantan gus Blas a Lìbhrigeadh	Ceannard	Suas ri £20,000 airson aon cùmhnant
Cosgais Neo-àbhaisteach	Ceannard	Suas ri £1,000
Cosgais Neo-àbhaisteach	Aonta a Bhùird a dhìth	Sùm sam bith nas motha na £1,001

Ann an suidheachaidhean fìor neo-àbhaisteach nuair a thèid aontachadh ri buidseatan airson phròiseactan far a bheilear a' moladh suimeannan airgid a chosg air cùmhnantan fa leth a tha nas motha na tha ceadachadh leis na crìochan gu h-àrd, faodaidh an Ceannard leithid a shuimeannan a chaidh aontachadh a phàigheadh gun chead a bharrachd bhon Bhòrd.

### 4 Dleastanasan an Luchd-soidhnigidh is Buill a' Bhùird

'S iad an Ceannard agus am Manaidsear Gnìomha a tha a' cur an ainm ris gach gnòthach banca, agus tha cead aca an goireas banca eadar-lìn a th' aig Fèisean nan Gàidheal le Banca Dail Chluaidh plc a chleachdadh. Feumar dà ainm a chur ris gach seic.

Dheigheadh iarraidh air Buill a' Bhùird aonta a chur ri atharraichean air òrduighean banca. Dh'fheumadh a' mhòr-chuid de dh'atharraichean aontachadh aig coinneamh a' Bhùird co-dhiù. Nuair a dh'fheumar òrdugh leantainneach no cis chunbhalach a chur air dòigh airson cunntas banca, cuiridh na h-oifigearan iad sin air dòigh a rèir nan ìrean ceadaichte airson chosgaisean a tha an urra ri diofar oifigearan mar a chithear sa chlàr gu h-àrd. Ma tha a' chosgais nas motha na na suimeannan ceadaichte, iarrar aonta a' Bhùird.

## **5 A' Nochdadh Chom-pàirtean is Tabhartasan do na Fèisean**

Bu chòir gum bi e an urra ris a' Bhòrd na tabhartasan uile aontachadh còmhla gach bliadhna, mar as trice 's ann aig Coinneamh a' Bhùird sa Ghearran a thachras e. Feumar strì sam bith a tha, no a dh'fhaodadh a bhith ann, eadar com-pàirtean a chomharrachadh agus bu chòir dèiligeadh ris. Feumar innse mu gach ceangal ionmhasail ri cùisean coimeirsealta a bheir/no a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air, agus/no a dh'fhaodadh a dhol an aghaidh, obair Fèisean nan Gàidheal, no feumaidh sibh innse nach eil ceangal ionmhasail agaibh ris a' chùis a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air gnothaichean agus sin a dhèanamh ann an sgrìobhadh. Feumar innse mu dheidhinn cuideachd ma tha ceangal ann far am faodadh com-pàirtean prìobhaideach buaidh a thoirt air com-pàirtean proifeiseanta. Tha tabhartasan nam Fèisean air an riarachadh a rèir foirmle, ach a-mhàin na Tabhartasan Leasachaidh. Tha grunn Bhuill a' Bhùird a' riochdachadh Fhèisean a dh'fhaodadh a bhith a' faighinn tabhartas, ach cha bhì Buill a' Bhùird a' gabhail gnothaich ri co-dhùnaidhean a thaobh ìre nan tabhartasan airson Fèisean fa leth, ach nuair a tha na suimeannan nas motha na tha ceadaichte do na h-oifigearan aontachadh.

## **6 Ag Òrdachadh Bathar is Sheirbheisean**

Feumaidh a h-uile neach-obrach tuigsinn, gur ann nuair a thèid òrdan a chur a-steach a thathar a' dearbhadh gun tèid sùim a phàigheadh, chan ann nuair a thèid iarraidh oirnn a phàigheadh. Mar sin, tha e cudromach gun tèid nithean òrdachadh gu ceart, agus a rèir bhuidseatan aontaichte, chumhachdan tiomnaichte agus chrìochan ùghdarrais a chithear gu h-àrd.

Tha foirmichean-ceadachaidh rim faotainn airson luchd-obrach gus cead nam manaidsearan aca a chlàradh.

## **7 Cead gus Suimeannan a Phàigheadh agus Leabhar Ceannaich**

Chan fhaod ach an Ceannard agus am Manaidsear Gnìomha aontachadh ri suimeannan a phàigheadh, ach nuair a thig e gu Tabhartasan Leasachaidh ris am bi am Manaidsear Leasachaidh a' dèiligeadh, le crìoch suas ri £5,000 airson gach Fèis. Bidh am Manaidsear Gnìomha cuideachd a' gabhail dleastanasan a' Cheannaird os làimh mura h-eil e/i ann, agus an uair sin faodaidh am Manaidsear Gnìomha suimeannan a cheadachadh a rèir crìochan ùghdarraichte a' Cheannaird a chithear sa chlàr gu h-àrd.

## **8 A' Sgrìobhadh agus a' Soidhnigeadh Sheicichean agus A' Pàigheadh Shuimeannan tron Eadar-lìon**

Thèid luchd-soidhnigidh a thaghadh bho am measg àrd luchd-dreuchd is Buill a' Bhùird a-mhàin, agus feumaidh Buill a' Bhùird aontachadh ri neach-soidhnigidh ùr mus cuirear fios chun a' bhanca.

Faodaidh an Ceannard, am Manaidsear Gnìomha no Neach-rianachd seic a sgrìobhadh, ach feumaidh an Ceannard agus am Manaidsear Gnìomha an soidhnigeadh.

Thèid tuarastalan a phàigheadh tro sheirbheisean banca eadar-lìn leis a' Mhanaidsear Ghnìomha, ach thèid an aontachadh gach mìos leis a' Cheannard.

Chan fhaod luchd-soidhnigidh an ainm a chur ri seic a tha sgrìobhte dhaibh fhèin mura deach a' chosgais aontachadh ro-làimh, agus cha fhaod iad an ainm a chur ri seicichean bàn. Bu chòir seicichean a lìonadh gu tur (cò dha a tha i, an t-sùim ann am faclan is àireamhan, agus ceann-latha) mus cuirear ainm riutha. Aig amannan gu math sònraichte faodar seic bhàn a thoirt seachad fhad 's a tha e ag ràdh 'Cha cheadaichear sùim nas motha na £...' oirre. Cha chuirear seic mar seo a-mach ach le aonta a' Cheannaird no a' Mhanaidseir Ghnìomha ro-làimh agus chan fhaodar a dhèanamh ach ann an suidheachadh far nach eil roghainn eile ann. Feumar cuidhteasan airson an t-seòrsa cosgais seo a thilleadh sa bhad.

## **9 Tuarastalan, Clàr-pàighidh, Luchd-obrach ag Obair air an Ceann Fhèin, Cunradairean agus Suimeannan Pàighidh a Bharrachd**

Tha e mar dhleastanas air Fèisean nan Gàidheal siostam PAYE a ruith, agus aithrisean freagarrach a chur a-steach gu HMRC agus suimeannan a phàigheadh dhaibh. Feumaidh gach neach a tha ag obair do dh'Fhèisean nan

Gàidheal, air cùmhnant stèidhichte no sealach, P45 a thoirt dhaibh, no an ainm a chur ri teisteanas P46 no ri teisteanas a tha a' saoradh oileanaich bho chisean, no feumaidh iad innse carson nach urrainn dhaibh fear a thoirt seachad. Thèid gach sùim a phàigheadh le seic no dìreach a-steach don chunntas bhanca aig daoine.

Air sgàth 's mar a tha Fèisean nan Gàidheal ag obair, bidh sinn a' cleachdadh chunnradairean a tha ag obair air an ceann fhèin. Chan fhastaidh sinn cunnradairean ach nuair a tha e ceadaichte fo na crìochan pàighidh ann an Earrainn 3 gu h-àrd. Bithear a' coimhead air a' mhòr-chuid mar luchd-obrach a tha ag obair air an ceann fhèin, agus feumaidh cùmhnantan airson an leithid a dhaoine seo a shealltainn gu follaiseach.

Feumaidh an Ceannard aontachadh ris a' phàigheadh a gheibh daoine airson a bhith ag obair barrachd uairean na na h-uairean àbhaisteach aca.

Mar as trice, thèid daoine a phàigheadh tron t-siostam eadar-lìn aig Banca Dail Chluaidh, agus e a' dol dìreach a-steach gu cunntasan banca an luchd-obrach. Faodaidh an Ceannard coimhead air na suimeannan tuarastail a thèid a phàigheadh. Thèid tuarastalan a phàigheadh air no ron 20mh latha de gach mìos.

## **10 Ìrean Pàighidh, Iasadan agus A' Faighinn Pàigheadh Tràth**

Thèid ìrean pàighidh aontachadh leis a' Cheannard, agus thèid an atharrachadh aig àm nam measaidhean-obrach ma tha atharraichean a dhìth.

Aontaichidh am Bòrd Stiùiridh tuarastal a' Cheannard.

Cha toirear iasadan do luchd-obrach, ach a-mhàin le aonta bhon Bhòrd Stiùiridh. Faodar pàirt den tuarastal aig luchd-obrach a phàigheadh dhaibh tràth, nì a chuireas am Manaidsear Gnìomha air dòigh. Chan fhaodar ach suas ri 50% de thuarastal aon mhìos a phàigheadh tràth, agus thèid a phàigheadh air ais bhon ath chuibhreann den tuarastal. Chan fhaod neach-obrach pàigheadh tràth iarraidh barrachd air trì tursan sa bhliadhna ionmhasail.

## **11 Teachd-a-steach**

Tha a' mhòr-chuid de theachd-a-steach Fèisean nan Gàidheal a' tighinn bho thabhartasan bhon riaghaltas no bho bhith a' reic sheirbheisean agus bathar a rinneadh. Thathar a' comharrachadh an teachd-a-steach uile a gheibh Fèisean nan Gàidheal, ga chruinneachadh, a' cumail chuidhteasan air a shon agus ga chur dhan bhanca gu sgiobalta agus mar bu chòir agus thèid a chlàradh ann an siostam cunntasachd na buidhne. Cuideachd tha rianan-smachd èifeachdach ann gus airgead a chruinneachadh, a chumail agus airson bancadh.

Thèid fàirdealan a chur a-mach airson gach nì a reicear cho luath 's a ghabhas gu practaigeach no nuair a bhios an t-seirbheis air a libhrigeadh. Gus dèanamh cinnteach gum bi fiosrachadh iomlan ann do luchd-pàighidh agus a thaobh nithean a chaidh a reic, thèid fàirdealan a chur a-mach fiù 's nuair a thathar a' pàigheadh airson bathar no seirbheis aig an aon àm 's a thathar a' cur òrdan a-steach.

Bu chòir gach fàirdeal a chur ann an sgrìobhainn le ceann-litreach oifigeil, freagarrach air, agus bu chòir an sgrìobhadh a rèir nan riaghailtean airson fhàirdealan, a' gabhail a-steach àireamh chlàraidh VAT airson Fèis Bhlàs Earranta.

Tha e an urra ris an neach-obrach a tha a' cur air dòigh gum faigh sinn tabhartas dèanamh cinnteach gun iarrar na cuibhreannan den tabhartas nuair a bu chòir no nuair a tha iad rim faotainn, agus gu bheil fios aig gach neach-obrach buntainneach agus am Manaidsear Gnìomha air cùmhnantan buntainneach an tabhartais agus air ciamar a thèid an t-airgead a chosg.

## **12 Cunntasan Banca**

Tha cunntasan banca aig Fèisean nan Gàidheal le Banca Dail Chluaidh, Ceàrnag Shomhairle, Port Rìgh, An t-Eilean Sgitheanach, IV51 9EH. Tha ceithir cunntasan aig a' bhuidhinn: cunntas làitheil, cunntas làitheil le riadh, cunntas àrd-rèidh agus cunntas airson urras leasachaidh. Cuideachd, tha cunntas làitheil aig Fèis Bhlàs Earranta le Banca Dail Chluaidh, tha Fèis Bhlàs Earranta na fho-chompanaidh fo làn-shealbh Fèisean nan Gàidheal agus tha e clàraichte airson VAT.

Tha e an urra ris a' Cheannard agus am Manaidsear Gnìomha am feum as fheàrr as urrainn dhaibh a dhèanamh de dh'airgead na buidhne le bhith ga ghluasad gu cunntasan àrd-rèidh nuair a tha còrr ann, agus an t-airgead a chumail an sin cho fad 's as urrainnear gus am faighear an teachd-a-steach as motha as urrainnear bho riadh.

### **13 Cairtean Cunntais**

Airson gum bi e nas fhasa bathar is seirbheisean a cheannach, tha cairt cunntais aig a' Cheannard, am Manaidsear Gnìomha, am Manaidsear Leasachaidh agus Manaidsear Fèisgoil airson cunntas làitheil na buidhne. Cha chleachdar iad seo ach nuair nach eil e freagarrach seic no na seirbheisean banca eadar-lìn a chleachdadh airson pàigheadh, no nuair a dh'fheumar airgead a phàigheadh mus fhaighear am bathar. Cha chleachdar iad ach nuair a thathar a' dèiligeadh ri companaidhean is buidhnean dearbhte, agus feumar cuidhtean a ghleidheadh airson gach cosgais. Bidh an t-Oifigear Ghnothaichean a' rèiteachadh nan cunntasan airson nan cairtean cunntais.

### **14 Clàran Cunntasachd**

Bithear a' cumail chlàran cunntasachd ceart. Tha an siostam cunntasachd stèidhichte air uidheaman coimpiutaireachd, a' cleachdadh MYOB agus Excel, ach cleachdar clàran pàipeir cuideachd ma dh'fheumar.

'S ann an urra ris a' Mhanaidsear Ghnìomha a tha na siostaman cunntasachd aig Fèisean nan Gàidheal, a' gabhail a-steach ùrachaidhean sam bith a tha dhìth airson dèanamh cinnteach gu bheil na siostaman fhathast ag obair mar bu chòir air an uidheamachd choimpiutaireachd. Bidh am Manaidsear Gnìomha no an t-Oifigear Ghnothaichean a' dèanamh rèiteachadh air na cunntasan banca, agus sin an crochadh air cò an neach-obrach a chuir am fiosrachadh a-steach, feuch am bi rianan-smachd freagarrach ann agus feuch am bi eadar-dhealachadh soilleir eadar na dleastanasan is dreuchdan aig daoine. 'S e an neach-sgrùdaidh aontaichte a bhios ag ullachadh chunntasan riaghlaidh ràitheil agus nan cunntasan bliadhna.

### **15 Ag Aontachadh Bhuidseatan**

Thèid buidseatan bliadhna airson teachd-a-steach is cosgaisean ullachadh airson aonta bhon Bhòrd Stiùiridh sa Ghearran gach bliadhna, mus tòisich a' bhliadhna ionmhais air a bheilear a' beachdachadh. Thèid ro-mheasaidhean airson an t-Sruth-airgid ullachadh mar as iomchaidh.

### **16 A' Cumail Sùil air Ionmhas agus Sgrùdaidhean**

Tha bliadhna ionmhais Fèisean nan Gàidheal a' ruith eadar 1 Giblean agus 31 Màrt.

Bheir am Bòrd Stiùiridh sùil air cùisean ionmhasail na buidhne gach ràith, agus iad a' toirt an aire do dh'fhiosrachadh a bheir an luchd-obrach seachad agus cunntasan riaghlaidh a tha air an sgrùdadh le neach-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh.

Thèid cunntasan bliadhna a chur a-steach airson an sgrùdadh, mar a dh'fheumar fo Achd nan Companaidhean, riaghailtean OSCR agus cùmhnantan nan tabhartasan; thèid an ullachadh a rèir riaghailtean airson bhuidhnean carthannais, agus a rèir riaghailtean cunntasachd buntainneach eile. Bu chòir gum bi an dreachd dheireannach de na cunntasan deiseil airson an cur air beulaibh a' Bhùird Stiùiridh san t-Sultain gach bliadhna, agus thèid na cunntasan sgrùdaichte a shoidhnigeadh aig a' Choinneimh Bhliadhna.

### **17 Dleastanasan Coitcheann an Ionmhasair**

Bu chòir don Ionmhasair a bhith ag obair gu dlùth còmhla ris, agus a bhith a' toirt taic is comhairle don Mhanaidsear Ghnìomha. 'S iad na dleastanasan sònraichte aca:

- A' toirt stiùireadh is comhairle don Bhòrd nuair a tha iad a' cur aonta ri buidseatan, cunntasan agus aithrisean ionmhasail, taobh a-staigh frèam poileasaidh iomchaidh.
- A' cumail fios ris a' Bhòrd mu na dleastanasan ionmhasail aca.
- Ag innse don Bhòrd mun bhuidhean ionmhasail a bhios aig planaichean ro-innleachdail Fèisean nan Gàidheal agus na prìomh bheachdan a chaidh a ghabhail sa phlana gnìomha agus sa bhuidseat bhliadhna.
- A' dearbhadh gu bheil ionmhas gu leòr aig Fèisean nan Gàidheal airson na tha dhìth an-dràsta agus san àm ri thighinn.
- A' tuigsinn nam modhan cunntasachd agus nam prìomh rianan-smachd aig a' bhuidhinn, gus an urrainn dhaibh dearbhadh don Bhòrd gu bheil cùisean ionmhasail Fèisean nan Gàidheal air stèidh dhaingeann.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil na cunntasan air an sgrùdadh, agus gun tèid na molaidhean aontaichte aig an neach-sgrùdaidh a chur an sàs, agus gun coinnich iad ris an neach-sgrùdaidh co-dhiù uair sa bhliadhna.
- A' cumail sùil air mar a chuireas Fèisean nan Gàidheal airgead seilbhe gu feum agus a' dèanamh cinnteach gu bheil e a' freagairt air na poileasaidhean, amasan, cinn-uidhe agus dleastanasan laghail aig a' bhuidhinn.

Nuair nach eil fiosrachadh no eòlas gu leòr aig an Ionmhasair gus na dleastanasan gu h-àrd a choileanadh, bheir am Manaidsear Gnìomha, agus luchd-comhairleachaidh ionmhasail Fèisean nan Gàidheal, taic is cuideachadh dhaibh.

### **18 Dleastanasan Coitcheann an Luchd-stiùiridh**

'S iad an sgioba stiùiridh, an Ceannard, am Manaidsear Gnìomha, am Manaidsear Leasachaidh agus Manaidsear Fèisgoil, agus bidh iad a' cumail sùil gheur air cùisean ionmhasail aig coinneamhan cunbhalach.

'S e am Manaidsear Gnìomha am prìomh neach-obrach le uallach airson a bhith a' dèiligeadh ri cosgaisean is suimeannan pàighte agus cosgaisean neo-àbhaisteach agus cuidichidh iad an t-Ionmhasair agus am Bòrd Stiùiridh le cùisean ionmhasail sam bith aig a bheil ceangal ris a' bhuidhinn.

Tha na leanas an urra ris a' Mhanaidsear Ghnìomha:

- A' pàigheadh gach neach-obrach a rèir nan cumhachan is cùmhnantan cosnaidh aontaichte aca agus a' toirt bhileagan-pàighidh seachad.
- A' cur an t-siostaim PAYE an sàs, a' cumail nan clàran a tha a dhìth, a' toirt P45an is P60an seachad, agus a' conaltradh ri HMRC mar as iomchaidh.
- A' toirt air falbh nan suimeannan ceart airson Cìs Cosnaidh, Àrachas Nàiseanta, òrduighean-cùirte sam bith, iasadan oileanach agus sùim sam bith eile a cheadaich luchd-obrach; a' dèanamh cinnteach gun tèid na suimeannan a bheirear air falbh a phàigheadh don bhuidhinn cheart, agus gun tèid suimeannan a thilleadh nuair a dh'fheumas sin tachairt.
- A' cur nan sgeamaichean an sàs airson Pàigheadh Euslaintè Reachdail, Pàigheadh Athaireil Reachdail agus Pàigheadh Màthaireil Reachdail, agus a' toirt seachad sochair sam bith eile a tha Fèisean nan Gàidheal a' toirt seachad.

Nì am Manaidsear Gnìomha cinnteach gu bheil modhan-tèarainteachd iomchaidh gan cur an sàs gus dìon a chur air stòrasan ionmhasail is eile, ach aig a' cheann thall, 's e an Ceannard a bhios cunntachail airson rud sam bith a thèid ceàrr a thaobh tèarainteachd nan stòrasan sin.

## **19 Dleastanasan Coitcheann Buill a' Bhùird**

Tha e an urra ris a' Bhòrd:

- Aontachadh ri buidseat na bliadhna.
- Aontachadh ri luchd-soidhnigidh nan cunntasan banca.
- Aithisgean a ghabhail bhon Sgioba Stiùiridh mu chùisean a tha ag adhbharachadh dragh.
- Aontachadh ri cosgaisean neo-àbhaisteach a tha a' dol seachad air na crìochan ainmichte gu h-àrd.
- Sùil a chumail air cùisean ionmhasail tro na h-aithrisean ràitheil, comhairle bhon Cheannard, am Manaidsear Gnìomha agus/no an t-Ionmhasair agus bho luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh.
- Aontachadh ris na cunntasan bliadhnail, a' gabhail a-steach aithris an neach-sgrùdaidh.
- Aontachadh ri neach-sgrùdaidh fhasadh.